

## **Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh le Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear gus atharrachaidhean a dhèanamh ris an sgìre-sgoile airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.**

### **1. Ro-ràdh**

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir cumhachan *Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus na h-atharrachaidhean ann an *Achd na Cloinne agus Dhaoine Òga (Alba) 2014*. Is e adhbhar na h-aithisg breithneachadh neo-eisimeileach is neo-phàirteach a dhèanamh air moladh Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear atharrachaidhean a dhèanamh air an sgìre-sgoile airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho thoiseach an t-seisein acadaimigich 2018. Tha solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig na comhairle ann am Bun-sgoil Innis an Uillt aig an àm a tha an làthair. Mìnichidh am moladh, Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear air fad mar sgìre-sgoile airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Innis an Uillt. Tha Earrann 2 den aithisg a' cur an cèill cunntas goirid mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 a' cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach bheachdan cudromach a chaidh a thoirt leis an luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-chunntas air beachd farsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a' cur riathanas air a' chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aige fhèin ullachadh. Bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aig a' chomhairle a bhith a' gabhail a-steach lethbhreac den aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte, ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, mun lèirmheas a tha e air a dhèanamh air a' mholadh a chaidh a dhèanamh o thùs, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh.

Feumaidh a' chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e gu co-dhùnadh deireannach. Far a bheil comhairle a' moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh e na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a choileanadh, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia làithean-obrach on thig e chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich agus a' mìneachadh do luchd-co-chomhairleachaidh an cothrom a tha aca riochdachaidhean a dhèanamh gu na Ministearan.

### 1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus daoine òga a tha an-dràsta a' faighinn solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-là foillseachaidh na h-aithisg; agus clann agus daoine òga eile ann an roinn na comhairle;
- buaidh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;

- mar a tha a' chomhairle am beachd droch bhuaidh sam bith a dh'fhaodadh èirigh bhon mholadh, a lùghdachadh no sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle am beachd a thigeadh bho bhith a' cur a' mholaidh seo an cèill, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a' tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- beachdachadh air na pàipearan iomchaidh air fad a chaidh a thoirt leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte an aithris air buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh buntainneach, fianais sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan agus bho dhaoine eile; agus
- cuairtean gu Bun-sgoil Innis an Uillt, a' gabhail a-steach conaltraidhean le luchd-co-chomhairleachaidh iomchaidh. Bha seo a' gabhail a-steach riochdairean bho Chomann nam Pàrant, am buidheann nàiseanta airson pàrantan chloinne ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

## 2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Rinn Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear co-chomhairleachadh air a mholadh (mholaidhean) a rèir cumhachan *Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus nan atharrachaidhean ann an *Achd na Cloinne agus Dhaoine Òga (Alba) 2014*.

2.2 Lean am pròiseas co-chomhairleachaidh bho 1 Samhain 2017 gu 13 Dùbhlachd 2017. Rè an ama sin, chùm a' chomhairle coinneamh phoblach ann am Bun-sgoil Innis an Uillt. Chaidh fios a thoirt don ìre mhath a h-uile buidheann co-chomhairleachaidh reachdail, a' gabhail a-steach pàrantan/luchd-cùraim, clann agus luchd-obrach. Chan eil a' Chomhairle air beachd foirmeil a shireadh bho Bhòrd na Gàidhlig mar bhuidheann comhairleachaidh reachdail. Dh'fhoillsich a' chomhairle pàipearan mun cho-chomhairleachadh air a làraich-lìn. Chuir iad pàipearan cuideachd gu làn raon de luchd-ùidh is bhuidhnean eile le ùidh sa chùis. Chuir a' chomhairle ullachaidhean iomchaidh nan àite gus cothrom a thoirt don fheadhainn aig an robh ùidh sa chùis freagairt a thoirt don mholadh, an dà chuid gu eileagtronaigeach no air pàipear. Fhuaras trithead 's a còig freagairt sgrìobhte. Cha mhòr nach robh iad uile a' toirt taic don mholadh. Ghabh a' chomhairle os làimh co-chomhairleachadh le sgoilearan gus dèanamh cinnteach gun robh na beachdan aca air an gabhail a-steach. San fharsaingeachd, bha an fheadhainn a bha an sàs sa cho-chomhairleachadh a' toirt taic do mholadh na comhairle gum biodh sgìre Chomhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear air fad mar sgìre-sgoile Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Innis an Uillt. Thog beagan uallach mun seo.

## 3. Taobhan Foghlam a' Mholaidh

3.1 Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear a' dèiligeadh ris an iarrtas ann an *Achd Foghlam (Alba) 2016* gus taic agus adhartachadh a thoirt dhan

Ghàidhlig le bhith a' stèidheachadh sgìre-sgoile airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Innis an Uillt. Tha a' chomhairle air taic làidir fhaighinn airson a' mholaidh seo. Tha an luchd-co-chomhairleachaidh dhen bheachd gum bi am pròiseas airson àite fhaighinn ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig nas fhasa. Gu sònraichte, tha pàrantan a' cur fàilte air an fhiosrachadh nach bi aca ri iarrtas airson àite a chur a-steach airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ma tha iad a' fuireach taobh a-muigh sgìre-sgoile na Beurla airson Bun-sgoil Innis an Uillt. Tha uallachaidhean reusanta aig pàrantan mu bheagan thaobhan den mholadh. Ann a bhith a' toirt a mholaidh air adhart, feumaidh a' chomhairle a dhol an sàs le luchd-ùidh gus dèiligeadh ris na h-uallachaidhean sin mar a tha air a mhìneachadh san aithisg seo.

3.2 Thog luchd-ùidh uallach gun robh pàipear na comhairle a' toirt iomradh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh na comhairle a bhith dìreach ri fhaotainn aig ìre na bun-sgoile. Chan eil a' chomhairle ag aithneachadh gu bheil a-cheana Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san sgoil-àraich agus ann an Acadamaidh Drochaid an Easbaig. Tha pàrantan a' faireachdainn gu bheil air cothrom a chall airson sgìre-sgoile a dhearbhadh a tha na sgàthan air an t-solar a tha ann a-cheana airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart ag obair le pàrantan gus taic a thoirt agus leantainneachd agus adhartas a bhrosnachadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

3.3 Bha luchd-obrach Bun-sgoil Innis an Uillt a' faireachdainn gun cuidicheadh am moladh iad gu an curraicealam a phlanadh nas fheàrr airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, gu sònraichte aig amannan eadar-ghluasaid. San aithisg dheireannach bhiodh e na bhuannachd nam biodh aithris na b' fharsaing ann mu bhuannachdan foghlaim mar seo. Bha mòran luchd-ùidh dhen bheachd gun robh comas aig a' mholadh ùidh pàrantan a mheudachadh a thaobh a bhith a' clàradh an cloinne ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Nam biodh a' chùis mar seo, tha ceistean cudromach, pragmatach aig pàrantan a bu chòir a bhith air an toirt air adhart leis a' chomhairle. Tha iad sin a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ullachaidhean sàbhailte ann a thaobh trafaig aig an sgoil. A thaobh feadhainn eile, bha e deatamach nach biodh a' bhuidh air comas solar meadhan na Beurla air a lùghdachadh agus a' toirt droch bhuidh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha na pàrantan air iarrtas a chur a-steach gun lean a' chomhairle air adhart a' planadh gu ro-innleachdail còmhla riutha ann a bhith a' leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

#### **4 Geàrr-iomradh**

Tha moladh Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear sgìre-sgoile a stèidheachadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' tabhann cothrom a bhith a' neartachadh misneachd pàrantan ann an raon na Gàidhlig. Cha mhòr nach eil an luchd-ùidh air fad a' toirt taic don mholadh agus ag aithneachadh gu bheil e a' toirt air adhart dleastanas a bhith a' toirt taic agus a bhith ag adhartachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Ann an crìochnachadh na h-aithisg aca, bu chòir dhan chomhairle a bhith nas soilleir gur ann a' stèidheachadh sgìre-sgoile aig ìrean na bun-sgoile airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a tha e. Bu chòir dhan chomhairle cuideachd a bhith a' cleachdadh nam mìneachaidhean airson Foghlam

tro Mheadhan na Gàidhlig mar a tha iad air an cur an cèill san Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig, 2017. Ann an crìochnachadh na h-aithisg aige, bu chòir dhan chomhairle a dhleastanas reachdail a choileanadh agus comhairle a shireadh bho Bhòrd na Gàidhlig, agus beachdan sam bith a dh'fhaodadh a bhith aca a thoirt air adhart, mar a bhios iomchaidh.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh**  
**Foghlam Alba**  
**An Gearran 2018**